Dè th’ ann an Sgoil AifL?

Àite Anns A Bheil A h-Uile Duine Ag Ionnsachadh Còmhla

Bidh ar sgoilearan agus luchd-teagaisg a’ cuideachadh a’ cur ri chèile an targaidean ionnsachaidh fhèin

Bidh ar sgoilearan agus luchd-teagaisg a’ lorg dearbhadh air na tha iad air ionnsach-adh agus a’ meòrach-adh air

Bidh ar sgoilearan agus luchd-teagaisg a’ cleachdadh fèin-mh-easadh agus measadh chomhaoisean

Clàr-teagaisg

Bidh luchd-teagaisg a’ cleachdadh diofar seòrsa dearbhaidh bho ghnìomhan làitheil gus sùil a chumail air adhartas sgoilearan

Bidh còmhradh agus co-obrachadh eadar luchd-teagaisg gus ìrean ann agus thar sgoiltean a cho-roinn

Bidh luchd-teagaisg a’ cleachdadh fiosrachadh mea-saidh gus sùil a chumail air ullachadh agus adhartas san sgoil aca, agus gus planadh airson leasachadh



Ionnsachadh agus Teagasg

Tha ar sgoilearan agus luchd-teagaisg cin-nteach mu dè dh’fheumar ionnsachadh agus cò ris a bhiodh soirbheachadh coltach

Tha fiosrachadh air a thoirt air ais do ar sgoile-aran agus luchd-teagaisg mu chàileachd na h-obrach aca agus ciamar a nì iad leasachadh air

Tha làn chom-pàirt aig ar sgoilearan agus luchd-teagaisg ann an co-dhùnadh nan ath cheuman san ionnsachadh aca agus comharrachadh cò is urrainn cuideachadh

Measadh

Tha ar measadh sa chlas a’ gabhail a-steach eadar-obrachadh de chàileachd àrd, stèidhichte air ceistean breithneachail, èisteachd cùramach agus freagairtean smaointeachail